

Cleachdadh na Gàidhlig Air-Loidhne

Toraidhean an t-Suirbhidh



#YSObservatory 





Clàr-innse

1. Ro-Ràdh agus Prìomh Thoraidhean.....	2
2. Toraidhean an t-Suirbhidh.....	8
2.1 Ag ionnsachadh Gàidhlig.....	9
2.2 Uidh ann an ionnsachadh am measg an fheadhainn aig nach eil Gàidhlig.....	17
2.3 Cleachdadh na Gàidhlig air-loidhne.....	23
2.4 An susbaint air-loidhne a tha air a chleachdadh le luchd-labhairt fileanta.....	33
2.5 Luach cultar, dualchas agus cànan na Gàidhlig.....	39
3. Eòlas-Sluaigh an Luchd-fhreagairt.....	41



1. Ro-Ràdh agus Prìomh Thoraidhean



Bho 2018 tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh am measg dhaoine òga ann an Alba, agus gus ìomhaigh adhartach den chànan a bhrosnachadh.

Tha an suirbhidh seo mar phàirt den obair com-pàirteachais seo. Tha e ag amas air ar tuigse adhartachadh air mar a bhios daoine òga a' cleachdadh Gàidhlig air-loidhne, agus na goireasan agus na meadhanan as fheàrr leotha a chleachdadh nuair a tha iad a' coimhead airson fiosrachadh a chomharrachadh.

Tha sinn an dòchas gun cuidich toraidhean an t-suirbhidh seo sinn fhèin, agus buidhnean eile sa ghnìomhachas, gus ar solar Gàidhlig a leasachadh. Cuidichidh seo sinn gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh òg na Gàidhlig ann an Alba.

Chaidh an t-suirbhidh a ruith eadar 30^{mh} an t-Samhain 2020 agus 28^{mh} An Gearran 2021 agus fhuair sinn **716** freagairt chrìochnaichte.

Notaichean

1. Chaidh 'logic' a chleachdadh san t-suirbhidh gus luchd-freagairt a stiùireadh gu ceistean a bha iomchaidh don eòlas aca. Mar sin, tha na meudan sampall airson nan ceistean eadar-dhealaichte bho cheist gu ceist. Chaidh na meudan sin a ràdh far a bheil sin iomchaidh.
2. Chaidh ceudadan a chleachdadh far an robh meudan sampall 80 no nas àirde ann. Far an robh na meudan sampall nas lugha na 80, chaidh na h-àireamhan fhèin a chleachdadh.



3. Chaidh beagan anailis coimeasach a dhèanamh air sgìrean ùghdarrasan ionadail. Chaidh na h-ùghdarrasan ionadail a sheòrsachadh ann an trì buidhnean a rèir far a bheil iad san dùthaich agus air ìrean fileantachd am measg an luchd-fhreagairt: Meadhan na Dùthcha, a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan an Iar agus "Eile". Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn na buidhnean seo. Cha b' urrainnear a h-uile ceist a sgrùdadh a rèir buidheann air sgàth diofar mheudan sampall (chaidh seo a ràdh san aithisg nuair a tha sin iomchaidh).

Buidheann	Ùghdarras Ionadail
Meadhan na Dùthcha	An Eaglais Bhreac
	Baile Dhùn Èideann
	Cathair Ghlaschu
	Fìobha
	Lodainn an Iar
	Lodainn Mheadhanach
	Sruighlea
A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan an Iar	A' Ghàidhealtachd
	Earra-Ghàidheal is Bòd
	Na h-Eileanan Siar
Eile	Aonghas
	Arcaibh
	Cathair Dhùn Dè
	Cathair Obar Dheathain
	Crìochan na h-Alba
	Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh
	Inbhir Chluaidh
	Lodainn an Ear
	Moireibh
	Peairt is Ceann Rois
	Sealtainn
	Siorrachd Chlach Mhanann
	Siorrachd Dhùn Breatann an Ear
	Siorrachd Dhùn Breatann an Iar
	Siorrachd Lannraig a Deas
	Siorrachd Lannraig a Tuath
	Siorrachd Obar Dheathain
	Siorrachd Rinn Friù
	Siorrachd Rinn Friù an Ear
	Siorrachd Àir a Deas
Siorrachd Àir a Tuath	
Siorrachd Àir an Ear	

4. Chaidh feadhainn de na freagairtean do cheistean teacsa-fosgailte air an seòrsachadh mar freagairtean neo-iomchaidh. Chaidh an roinn seo a chleachdadh nuair a bha freagairtean neo-iomchaidh, gun chiall no nuair nach robh iad a' freagairt ri cuspair na ceiste. Chaidh notaichean a chur san aithisg far na thachair seo.



Prìomh Thoraidhean

An toiseach, chaidh iarraidh air an luchd-fhreagairt an ìre fileantachd Gàidhlig aca a mheasadh. Thuir **faisg air leth (44.8%)** dhiubh gun robh iad **ag ionnsachadh Gàidhlig aig ìre air choreigin**. Am measg an luchd-ionnsachaidh, bha a' mhòr-chuid nan **luchd-tòiseachaidh (32.5%)**. B' e **daoine gun Ghàidhlig (43.3%)** am buidheann singilte as motha.

Ionnsachadh na Gàidhlig

1. Am measg an luchd-fhreagairt a thuir gun robh iad nan **luchd-ionnsachaidh adhartach no fileanta**, thuir a' mhòr-chuid gun do **dh'ionnsaich iad Gàidhlig san sgoil (85.7%)**.
2. Am measg an luchd-fhreagairt a thuir gun robh iad nan **luchd-ionnsachaidh tòiseachaidh no eadar-mheadhanach**, thuir a' mhòr-chuid gun robh iad **ag ionnsachadh air Duolingo (81.7%)**.

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd do luchd-freagairt a thuir gun robh iad nan **luchd-ionnsachaidh tòiseachaidh, eadar-mheadhanach no adhartach**.

3. B' e **ùidh ann an òrain is ceòl (52.0%)** agus ann an **litreachas Gàidhlig (45.8%)** na h-adhbharan as cumanta airson ùidh a bhith aca ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.
4. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè na **làraich-lìn agus na goireasan a bu fheumaile** dhaibh airson Gàidhlig ionnsachadh, b' e **Duolingo (66.6%)** am freagairt as cumanta.
5. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè na goireasan ionnsachaidh Gàidhlig, fiosrachadh no cothroman a tha iad airson a bhith air an cruthachadh, b' e **solar agus taic san sgoil (27.2%)** am freagairt as cumanta.
6. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè an seòrsa susbaint a bhiodh cuideachail airson a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, **thuir a' mhòr-chuid (70.4%)** gum bu mhath leotha ionnsachadh tro **bhideothan goirid den leithid TikTok no Instagram Reels**. Bha **susbaint eadar-ghnìomhach air sgeulachdan Instagram (67.9%)** agus **bhideothan fada air Instagram no YouTube (66.0%)** nan roghainnean mòr-chòrdte eile.



Ùidh Ionnsachaidh Am Measg Iad aig Nach Eil Gàidhlig

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd do luchd-freagairt a thuir nach robh Gàidhlig aca idir.

1. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè an ùidh a bh' aca ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, sheall leth **(49.6%)** den luchd-fhreagairt seo ùidh air choreigin, agus b' e **ùidh gu leòr (26.1%)** an taghadh as cumanta. Thuir cairteal den luchd-fhreagairt seo **nach robh ùidh aca idir (24.5%)** ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.

Chaidh iarraidh air an luchd-freagairt a thuir gun robh iad **gun ùidh, gun mòran ùidh** no gun robh iad **neodrach** mu bhith ag ionnsachadh Gàidhlig innse carson nach robh ùidh aca ann.

2. B' e **a' bheachd gu bheil an cànan gun fheum no neo-bhuntainneach am prìomh adhbhar nach robh ùidh** aig luchd-freagairt ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd do luchd-freagairt a thuir gun robh iad **neodrach** no gun robh **ùidh mhòr no beagan ùidh** aca ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.

3. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh **carson a bha ùidh aca** ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, thuir dà thrian dhiubh **(66.2%) 'airson beagan spòrs'**
4. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè na goireasan ionnsachaidh Gàidhlig, fiosrachadh no cothroman a bhiodh iad airson a bhith air an cruthachadh, b' e **solar agus taic san sgoil (39.0%)** am freagairt as cumanta.
5. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè an seòrsa susbaint a bhiodh cuideachail airson a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, **thuir a' mhòr-chuid (70.0%)** gum bu mhath leotha ionnsachadh tro **bhideothan goirid den leithid TikTok no Instagram Reels**. Bha **bhideothan fada air Instagram no YouTube (59.9%)** agus **susbaint eadar-ghnìomhach air sgeulachdan Instagram (58.9%)** nan roghainnean mòr-chòrdte eile.

Cleachdadh na Gàidhlig Air-Loidhne

1. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè cho tric 's a bha iad a' faicinn no a' cleachdadh Gàidhlig air-loidhne, b' e **'Cha bhith mi a' cleachdadh Gàidhlig air-loidhne' (35.9%)** am freagairt as cumanta. Thuir faisg air trian den luchd-



fhreagairt gu robh iad a 'cleachdadh no a' faicinn Gàidhlig air-loidhne **a' mhòr-chuid de làithean no a h-uile latha (30.1%)**.

2. Am measg an luchd-fhreagairt a thuir nach bi iad a' cleachdadh Gàidhlig air-loidhne, thuir barrachd air leth **(58.4%)** gum **bu mhath leotha a bhith ga chleachdadh/fhaicinn**.

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd don luchd-fhreagairt a thuir gum bi iad a' faicinn no a' cleachdadh Gàidhlig air-loidhne **bho àm gu àm, gach mìos, gach seachdain, a' mhòr-chuid de làithean no a h-uile latha**.

3. B' ann tro **Dolingo (60.8%)** a chaidh Gàidhlig a chleachdadh air-loidhne as trice.
4. B' e **bhideothan goirid air TikTok agus Instagram Reels (52.9%)** agus **puist meadhanan sòisealta air Instagram agus Facebook (50.1%)** na seòrsaichean susbaint a chaidh a chleachdadh as trice.
5. Thuir a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt seo **(93.7%)** gum **bu mhath leotha barrachd susbaint Gàidhlig fhaicinn** air na meadhanan sòisealta agus air-loidhne.
6. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh **dè an seòrsa susbaint Gàidhlig a bu mhath leotha fhaicinn nas trice**, b' e **bhideothan goirid air TikTok agus Instagram Reels (70.6%)** am freagairt as cumanta.
7. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh am **beachdan airson susbaint Gàidhlig air na meadhanan sòisealta**, b' e **susbaint a bha ag amas air luchd-ionnsachaidh (23.3%)** an iarrtas as cumanta. B' e **bhideothan (19.0%)** am meadhan a chaidh ainmeachadh as trice.

An Susbaint Air-Loidhne air a Chleachdadh le Luchd-Labhairt Fileanta

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd do luchd-freagairt a thuir gun robh iad nan luchd-labhairt **fileanta**.

1. Thuir a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt **(95.3%)** gu bheil iad a' coimhead airson fiosrachadh **tro Google no einnsean lorgaidh eile**. Chaidh **na meadhanan sòisealta** ainmeachadh le còrr air leth dhiubh **(57.6%)** cuideachd.
2. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh **am b' fheàrr leotha goireas a chleachdadh ann an Gàidhlig no Beurla** (nam biodh e ri fhaighinn anns an dà chuid), cha mhòr nach robh sgaradh cothromach eatorra. Thagh **48% dhiubh Gàidhlig** agus



thagh **52% dhiubh Beurla**. Thuirte mòran den fheadhainn a thagh Gàidhlig gu bheil e **a' còrdadh riutha a bhith a' cleachdadh a' chànan agus gu bheil iad airson a cleachdadh nas trice** agus gur e sin an adhbhar airson an taghadh seo seo; thuirte an fheadhainn a thagh **Beurla** gur ann air sgàth 's gu bheil e **nas fhasa no nas luaithe**.

3. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè an cuspair air am bu mhath leotha **barrachd fiosrachaidh fhaicinn anns a' Ghàidhlig**, b' e **cùisean an là, naidheachdan agus poilitigs** am freagairt as cumanta.
4. Is e **bhideothan** a' mheadhan a b' fheàrr leis a' mhòr-chuid (**78.8%**) de luchd-freagairt a chleachdadh nuair a bha iad a' lorg fiosrachadh air-loidhne.
5. Nuair a chaidh iarraidh orra taghadh dè na **goireasan air-loidhne Gàidhlig** a bha gu sònraichte math, thagh a' mhòr-chuid (**75.3%**) dhiubh **Am Faclair Beag (faclair.com)**.
6. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè na **goireasan ionnsachaidh, fiosrachadh, no cothroman a bu mhath leotha a bhith air an cruthachadh**, b' e **àiteachan sòisealta is coimhearsnachd** am moladh as cumanta.

Luach Cànan, Dualchas agus Cultar na Gàidhlig

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd dhan **a h-uile neach a fhreagair an suirbhidh**.

1. Thuirte mu dhà thrìan (**66.8%**) gu bheil **cultar agus dualchas na Gàidhlig glè luachmhor**.
2. Thuirte mu dhà thrìan (**65.9%**) gu bheil **an cànan Gàidhlig glè luachmhor**.



2. Toraidhean an t-Suirbhidh

Fhreagair **716** neach an suirbhidh air fad.

Nuair a chaidh iarraidh air an luchd-freagairt an ìre fileantachd aca a mheasadh, thuirtear faisg air leth dhiubh (44.8%) gun robh iad ag ionnsachadh Gàidhlig aig ìre air choireigin. Am measg an luchd-ionnsachaidh, bha a' mhòr-chuid nan luchd-tòiseachaidh. B' e daoine gun Ghàidhlig am buidheann singilte as motha.

Ìre Fileantachd	Freagairt%
Gun Ghàidhlig	43.3%
Neach-ionnsachaidh tòiseachaidh	32.5%
Neach-ionnsachaidh eadar-mheadhanach	9.5%
Neach-ionnsachaidh adhartach	2.8%
Fileanta	11.9%

Bha na h-ìrean fileantachd as àirde air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan an Iar, le 36.5% ag ràdh gun robh iad fileanta ann an Gàidhlig. B' e seo cuideachd an roinn anns an robh an àireamh as motha de luchd-ionnsachaidh adhartach (20.0%). Cha robh Gàidhlig idir aig còrr air leth den luchd-fhreagairt anns na h-ùghdarrasan ionadail "Eile".

Ìre Fileantachd	Meadhan na		
	Dùthcha	A' Ghàidhealtachd & na h-Eileanan an Iar	Eile
Gun Ghàidhlig	42.9%	15.7%	53.6%
Neach-ionnsachaidh tòiseachaidh	35.4%	20.9%	34.3%
Neach-ionnsachaidh eadar-mheadhanach	2.1%	7.0%	1.9%
Neach-ionnsachaidh adhartach	9.3%	20.0%	5.9%
Fileanta	10.4%	36.5%	4.4%
Sampall	280	115	321




Ag ionnsachadh Gàidhlig

Chaidh a’ ceist seo fhaighneachd do na **105 luchd-fhreagairt** a thuirte gun robh iad nan **luchd-ionnsachaidh adhartach no luchd-labhairt fileanta**. Nuair a chaidh coimhead air na meudan sampall airson luchd-ionnsachaidh adhartach/luchd-labhairt fileanta a rèir sgìre, bha iad ro bheag airson coimeas a dhèanamh.

Càite an do dh’ionnsaich thu Gàidhlig?

Thuirte a’ mhòr-chuid den luchd-fhreagairt gun do dh’ionnsaich iad Gàidhlig san sgoil. Dh’ionnsaich timcheall air dà chòigeamh dhiubh san dachaigh. B’ e *air-loidhne* agus le *leabhar is CD* na freagairtean as neo-chumanta



B’ e ceist ioma-roghainn a bha seo, mar sin bidh iomlan nan toraidhean nas àirde na 100%.

Thagh ceathrar neach-freagairt *Eile*. Tha geàrr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal


Tèama	Freagairtean
Gu sòisealta	2
TBh & rèidio	1
Gàidhlig san teaghlach	1

Chaidh a’ cheist seo fhaighneachd do na **301 luchd-fhreagairt** a thuirte gun robh iad nan **luchd-ionnsachaidh tòiseachaidh no eadar-mheadhanach**. Nuair a chaidh coimhead air na meudan sampall airson luchd-ionnsachaidh tòiseachaidh/eadar-mheadhanach a rèir sgìre, bha sampall na Gàidhealtachd is nan Eilean ro bheag airson coimeas a dhèanamh.



Ciamar a bheil thu ag ionnsachadh Gàidhlig?

Thuir a 'mhòr-chuid den luchd-fhreagairt sin gu robh iad a' cleachdadh *Duolingo* gus Gàidhlig ionnsachadh, agus thagh faisg air leth dhiubh *air-loidhne*. B' e 'san sgoil' agus 'aig an oilthigh' na freagairtean as neo-chumanta. Tha seo a' cuir seachad a' bheachd gu bheil an luchd-freagairt seo air roghnachadh an cànan ionnsachadh



B' e ceist ioma-roghainn a bha seo, mar sin bidh iomlan nan toraidhean nas àirde na 100%.

Bha am pàtran seo ri fhaicinn nuair a chaidh coimhead air na freagairtean a rèir sgìre. Bha barrachd luchd-freagairt ann am meadhan na dùthcha ag ionnsachadh Gàidhlig air cùrsa. Bha barrachd luchd-freagairt ann na h-ùghdarrasan ionadail "Eile" ag ionnsachadh air-loidhne na an fheadhainn ann am meadhan na dùthcha.

Modh Ionnsachaidh	Meadhan na Dùthcha	Eile
Duolingo	81.6%	88.4%
Air-loidhne	44.0%	52.7%
Leabhar & CD	16.0%	14.7%
Eile	14.4%	10.9%
Aig an Oilthigh	12.0%	8.5%
Air cùrsa	11.2%	5.4%
San sgoil	0.8%	3.9%
Sampall	125	129

Den fheadhainn a thagh **Eile**, thug 37 seachad freagairt sgrìobhte. Tha gearr-chunntas orra sin gu h-ìosal.




Tèama	Freagairtean
Tron teaghlach/san taigh	14
Gu sòisealta (tro charaidean/cluba sòisealta)	7
Gu cultarach (tro ceòl/litreachas)	4
Cùrsa foirmeil (oilthigh/cùrsa cànan)	4
Cùrsa leabhar	4
Air loidhne (gun a bhith a' toirt a steach na meadhanan sòisealta)	4
TBh	4
Na meadhanan sòisealta	3
Aplacaid fòn-làimhe	3
San obrach	1
San sgoil (airson greis beag)	1
Pod-chraolaidhean	1
Ag ionnsachadh leotha fhèin	1

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd do na **321 luchd-fhreagairt** a thuirte gun robh iad nan **luchd-ionnsachaidh tòiseachaidh, eadar-mheadhanach no adhartach**. Nuair a chaidh coimhead air na meudan sampall airson luchd-ionnsachaidh tòiseachaidh/eadar-mheadhanach/adhartach a rèir sgìre, bha sampall na Gàidhealtachd is nan Eilean ro bheag airson coimeas a dhèanamh.

Dè thug ort Gàidhlig ionnsachadh?

Bha na freagairtean as cumanta co-cheangailte ri ùidh ann an òrain, ceòl agus litreachas Gàidhlig. B' e 'airson beagan spòrs' an adhbhar as neo-chumanta airson a bhith ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh.



B' e ceist ioma-roghainn a bha seo, mar sin bidh iomlan nan toraidhean nas àirde na 100%.

Bha am pàtran seo cunbhalach aig ìre na sgìre cuideachd. B' e cothroman dreuchdail am prìomh eadar-dhealachadh eadar na sgìrean, a chaidh a thaghadh le barrachd luchd-freagairt ann an ùghdarrasan ionadail "eile" na an fheadhainn ann am meadhan na dùthcha.

Adhbhar airson ionnsachaidh	Meadhan na Dùthcha	Eile
Ùidh ann an ceòl agus òrain Gàidhlig	55.0%	54.1%
Ùidh ann an litreachas Gàidhlig	49.6%	46.7%
Eile	42.0%	47.4%
Cothroman sòisealta	25.2%	25.2%
Cothroman dreuchdail	17.6%	27.4%
Tha e air a bhruidhinn le mo theaghlach	16.8%	13.3%
tha e air a bhruidhinn sa choimhearsnachd agam	9.9%	8.9%
Airson beagan spòrs	9.2%	11.1%
Sampall	131	135

Den fheadhainn a thagh **Eile**, thug **129** seachad freagairt sgrìobhte agus tha geàrr-chunntas orra sin gu h-ìosal. Thug aon neach freagairt seachad a bha neo-iomchaidh.



Tèama	Freagairt%
Tha e na phàirt de chultar agus dearbh-aithne nàiseanta na h-Alba	40.3%
Gus cuideachadh le mairsinneachd a' chànain	28.7%
Eachdraidh agus dualchas	17.1%
Airson spòrs/ùidh choitcheann	10.1%
Ùidh ann an cànanan	9.3%
Ceangalan pearsanta/teaghlach	7.8%
Ceangalan coimhearsnachd	7.0%
San sgoil	5.4%
Cothroman obrach	4.7%
Meadhanan, ceòl agus litreachas Gàidhlig	3.9%
Cothroman sòisealta	3.1%
Ainmean àite/cruinn-eòlas	1.6%
Ùidh ann an cànanan dùthchasach na RA agus na h-Èireann	1.6%
Ùidh ann an teagasg	1.6%
Cha robh e comasach dha ionnsachadh na leanabachd	0.8%

Dè na goireasan agus làraich-lìn as fheumaile a chleachd thu fhad 's a tha thu air a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig?

Fhuair sinn **299 freagairt sgrìobhte** airson a' cheist seo. B' e Duolingo an goireas as mòr-chòrdte, le dà thrian den luchd-fhreagairt a' toirt iomradh air an aplacaid.

Làraich-lìn/Goireas	Freagairt%
Duolingo	66.6%
learngaelic.scot	35.8%
BBC Alba/iPlayer & prògraman	12.7%
Eile	11.3%
YouTube & bhideothan eile	7.7%
Am Faclair Beag	6.0%



Instagram	6.0%
Coimhearsnachdan & fòraman air-loidhne (reddit, discord, m.s.a)	6.0%
TikTok	5.7%
Cùrsa leabhar	5.4%
Cùrsa foirmeil	4.7%
#YSGaelic	4.7%
Leasan an aghaidh ri aghaidh (a' gabhail a-steach air-loidhne)	3.7%
Litreachas	3.3%
Facebook	3.3%
Learngaelic (dictionary)	3.0%
Beag air bheag	2.7%
Pod-chraolaidhean & rèidio	2.7%
Teaghlach, caraidean & gu sòisealta	2.7%
BBC Bitesize	2.0%
Ceòl	2.0%
Bluebird	1.0%
Mango Languages	1.0%
Artaigilean & Blogaichean	1.0%
Twitter	1.0%
Chan eil mi cinnteach	0.7%

Air sgàth nàdar na ceist teansa-fosgailte, cha robh e comasach na freagairtean gu lèir a sheòrsachadh gu ceart, agus mar thoradh air sin bha àireamh àrd de fhreagairtean "Eile". Airson liosta iomlan de na freagairtean, cuir fios gu ruairidhh@young.scot air post-d.

Dè am fiosrachadh, na cothroman, no na goireasan ionnsachaidh Gàidhlig a chruthaicheadh tu nam b' urrainn dhut?

Fhuair sinn **279 freagairt sgrìobhte** airson a' cheist seo. B' e solar agus taic san sgoil am moladh as cumanta, le cothroman sòisealta ann am buidhnean agus coimhearsnachdan san dàrna àite.



Goireasan/Cothroman	Freagairt%
Solar agus taic san sgoil	27.2%
Cothroman sòisealta/còmhraidhean ann an buidhnean & coimhearsnachdan	16.8%
Clasaichean & bùthan-obrach aghaidh ri aghaidh (air-loidhne air a ghabhail a-steach)	10.4%
Tuairisgeul air cuspair susbaint	10.4%
Filmichean & prògraman TBh	9.0%
Barrachd faicsinneachd airson na goireasan a tha ann mu thràth	8.6%
Eile	8.6%
Rèidio, pod-chraolaidhean agus susbaint podcasts agus susbaint claisneachd.	6.1%
Barrachd ruigsinneachd airson na goireasan a th 'ann	5.7%
Cùrsaichean air-loidhne le structar	5.0%
Chan eil mi cinnteach	5.0%
Bhideothan	4.3%
Litreachas	3.9%
Susbaint eadar-ghnìomhach	3.2%
Cùrsaichean oilthigh/colaiste	2.9%
Ceòl, cultar & ealan	2.9%
Innealan eadar-theangachaidh & faclairean nas fheàrr	2.9%
Rud sam bith	2.5%
Taic gràmair	2.5%
Cùrsaichean leabhar	2.2%
Àitichean coimhearsnachd air-loidhne	1.8%
Na goireasan a th 'ann mu thràth air an dèanamh nas ruigsinneach a thaobh prìs	1.4%
Aplacaid fòn-làimhe	1.4%
Roghainnean cànan air teicneòlas agus làraich-linn	1.4%
'Flashcards'	1.1%
Barantachadh	1.1%

Air sgàth nàdar na ceist teacsa-fosgailte, cha robh e comasach na freagairtean gu lèir a sheòrsachadh gu ceart, agus mar thoradh air sin bha àireamh àrd de fhreagairtean "Eile". Airson liosta iomlan de na freagairtean, cuir fios gu ruairidhh@young.scot air post-d.




"B' fheàrr leam gum biodh Gàidhlig air a teagasg nas fharsaingean san sgoil no gum biodh goireasan sgoile rim faighinn airson neach sam bith a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh. Mar thidsear àrd-sgoile bhithinn gu cinnteach airson a bhith an sàs ann an cluba Gàidhlig san sgoil agam." - Chaidh am freagairt seo a sgrìobhadh sa Bheurla agus chaidh eadar-theangachadh.

"Leis an fhìrinn innse, 's e raon farsaing de rudan a tha a dhìth, bho barrachd mothachadh poblach air a' Ghàidhlig a tha fhathast a dhìth nam bheachd, gu cùrsaichean a tha rim faighinn nas fharsaingean gus an urrainn do dhaoine an fhrithealadh gus ionnsachadh. Is dòcha iomlaid foghlaim le Èirinn agus Alba Nuadh gus cothroman foghlaim a leudachadh ann an Alba agus nas fhaide air falbh? Gu sìmplidh, dìreach barrachd Gàidhlig anns a h-uile àite." - Chaidh am freagairt seo a sgrìobhadh sa Bheurla agus chaidh eadar-theangachadh.

Dè an seòrsa susbaint a chuidicheadh tu le bhith ag ionnsachadh Gàidhlig?

Thuir a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt gum bu mhath leotha bhideothan goirid den leithid TikTok agus Instagram Reels fhaicinn. Bha bhideothan fada (air Instagram no YouTube) agus susbaint eadar-ghnìomhach air sgeulachdan Instagram nan roghainnean mòr-chòrdte eile. B' e infographics agus artaigilean sgrìobhte na roghainnean as beag-chòrdte.



B' e ceist ioma-roghainn a bha seo, mar sin bidh iomlan nan toraidhean nas àirde na 100%.

Bha beagan eadar-dhealachaidhean anns na freagairtean eadar na diofair sgìrean. Thagh na luchd-fhreagairt anns na h-ùghdarrasan ionadail "Eile" a' mhòr-chuid de roghainnean beagan nas trice na an fheadhainn ann am meadhan na dùthcha.



Cruth Susbaint	Meadhan na Dùthcha	Eile
Bhideothan goirid	45.0%	57.8%
Susbaint sgeulachdan	41.2%	45.9%
Bhideothan fada	39.7%	51.9%
Puist	29.8%	38.5%
Pod-chraolaidhean	28.2%	47.4%
Artaigilean sgrìobhte	22.9%	37.8%
Grafaigean-fiosrachaidh	29.8%	34.8%
Eile	6.9%	9.6%
Sampall	131	135

Den fheadhainn a thagh **Eile**, thug 23 seachad freagairt sgrìobhte agus tha gearr-chunntas orra sin gu h-ìosal. Bha sia freagairtean neo-ìomchaidh ann.

Tèama	Freagairtean
Leasan bhideo/prògraman TBh	3
Geamaichean	3
Taic fuaimneachaidh	2
Blogaichean & artaigilean	2
Rud sam bith	1
Gàidhlig airson còmhraidh	1
Susbaint eadar-meadhanach	1
Rèidio	1
Ceòl traidiseanta agus ealan	1
Naidheachdan	1
Filmichean Gàidhlig	1


Ùidh ann an Ionnsachadh Am Measg Iad aig Nach Eil Gàidhlig

Chaidh a' cheist a leanas a chur air na **310 luchd-freagairt** a thuir **nach robh Gàidhlig sam bith aca**. Nuair a chaidh coimhead air na meudan sampall airson na luchd-freagairt aig nach robh Gàidhlig a rèir sgìre, bha sampall na Gàidhealtachd is nan Eilean ro bheag airson coimeas a dhèanamh.



Dè an ùidh a th' agad ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig?

Sheall leth den luchd-fhreagairt seo ùidh ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig agus b' e 'ùidh gu leòrr' am freagairt as cumanta. Cha robh ùidh sam bith aig cairteal den luchd-fhreagairt aig nach robh Gàidhlig ann a bhith ag ionnsachadh a' chànain.



Thuirte beagan a bharrachd den luchd-fhreagairt ann an ùghdarrasan ionadail "Eile" gun robh ùidh gu leòrr aca ann a bhith ag ionnsachadh na thuirte sin am measg an fheadhainn a bha ann am meadhan na dùthcha.

Ìre Ùidh	Meadhan na Dùthcha	Eile
Gun ùidh sam bith	22.5%	23.8%
Gun mòran ùidh	9.2%	9.3%
Neodrach	21.7%	13.4%
Ùidh gu leòr	23.3%	29.1%
Ùidh mhòr	23.3%	24.4%
Sampall	120	172

Chaidh a' cheist a leanas a chur air na **156 luchd-fhreagairt** a thuirte anns a' cheist mu dheireadh gun robh iad **neodrach, gun mòran ùidh no gun ùidh sam bith**. Nuair a chaidh coimhead air na meudan sampall a rèir sgìre, bha iad ro bheag airson coimeas a dhèanamh.



Carson nach eil ùidh agad ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig?

Fhuair sinn **156 freagairt sgrìobhte** don cheist seo. Cha robh còig dhiubh sin iomchaidh. B' e am beachd nach eil an cànan feumail no buntainneach an adhbhar as cumanta airson nach robh ùidh aig daoine ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.

Adhbhar	Freagairt%
Chan eil i feumail no buntainneach	73.7%
Chuirinn prìomhachas air ionnsachadh chànanan eile	17.3%
Is e cànan a tha "marbh" no "a' bàsachadh" a th 'ann	13.5%
Tha i robh doirbh ionnsachadh	10.9%
Gun ùidh	3.8%
Gun mòran eòlas roimhe	2.6%
Sgudal airgead	2.6%
Chan urrainn dhomh Gàidhlig ionnsachadh an-dràsta ach 's dòcha gun ionnsaich mi aig àm eile	1.9%
Tha e ro phoilitigeach /tha cus nàiseantach an-sàs ann	1.9%

"Chan eil mòran dhaoine a' fuireach faisg orm aig a bheil Gàidhlig agus mar sin chan eil e gu math feumail!" – Chaidh am freagairt seo a sgrìobhadh sa Bheurla agus chaidh eadar-theangachadh.

"Tha mi air feuchainn ri cànan ionnsachadh roimhe ach bha e duilich dhomh a chumail suas oir cha robh mi a' cleachdadh a' chànan gu tric."
– Chaidh am freagairt seo a sgrìobhadh sa Bheurla agus chaidh eadar-theangachadh.


"Cha chreid mi nach eil mòran feum ann agus mar sin bhithinn a' feuchainn ri cànanan eile ionnsachadh an toiseach." – Chaidh am freagairt seo a sgrìobhadh sa Bheurla agus chaidh eadar-theangachadh.

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd don **207 neach-freagairt** a thuirte gun robh iad neodrach, gun robh ùidh gu leòr aca, no mòran ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig. Nuair a chaidh coimhead air na meudan sampall a rèir sgìre, bha iad robh bheag airson comais a dhèanamh.



Carson a tha ùidh agad ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig?

Thuirtd dà thrian den luchd-fhreagairt gu robh ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig airson beagan spòrs. Thuirtd beagan a bharrachd air trian dhiubh gu robh ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig air sgàth ùidh ann an òrain agus ceòl Gàidhlig. B' e daoine sa choimhearsnachd no an teaghlach aca a bha a' bruidhinn Gàidhlig na h-adhbharan as neo-chumanta airson a bhith ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh



B' e ceist ioma-roghainn a bha seo, mar sin bidh iomlan nan toraidhean nas àirde na 100%.

Den fheadhainn a thagh **Eile**, thug 70 freagairt sgrìobhte dhuinn. Tha geàrr-chunntas orra seo gu h-ìosal.

Tèama	Freagaritean
Tha e na phàirt de chultar agus dearbh-aithne nàiseanta na h-Alba	35
Gus cuideachadh le mairsinneachd a' chànain	24
Eachdraidh agus dualchas	23
Ùidh ann an cànanan	4
Ùidh ann an cànanan dùthchasach na RA agus na h-Èireann	4
Cothroman sòisealta	3



Dè am fiosrachadh, na cothroman, no na goireasan ionnsachaidh

Gàidhlig a chruthaich tu nam b' urrainn dhut?

Fhuair sinn **172 freagairt sgrìobhte** airson a' cheist seo agus bha dà fhreagairt neo-iomchaidh ann. B' e taic agus solar ann an sgoiltean am moladh as cumanta, air a leantainn le cùrsaichean air-loidhne structaraichte agus clasaichean no bùthan-obrach a tha air an lìbhrigeadh aghaidh ri aghaidh.

Goireasan/Cothroman	Freagairt%
Solar & taic san sgoil	39.0%
Cùrsaichean air-loidhne le structar	14.0%
Clasaichean & bùthan-obrach aghaidh ri aghaidh	14.0%
Susbaint eadar-ghnìomhach	8.1%
Bhideothan	7.6%
'Flashcards'/grafaigean-fiosrachaidh	7.6%
Aplacaid fòn-làimhe	6.4%
Cothroman sòisealta/còmhraidhean ann am buidhnean & coimhearsnachdan	5.8%
Tuairisgeul air cuspair susbaint	5.2%
